


Contents

Preface to the second edition		7
Caibideil a h-Aon	Seinn	8
Caibideil a Dhà	Na Creagan	12
Caibideil a Trì	Uisge agus Èisg	18
Caibideil a Ceithir	Teaghlach	23
Caibideil a Còig	Rìgh nan Ròn	29
Caibideil a Sia	An Còta	35
Caibideil a Seachd	Tha Mi Duilich	40
Glossary		45
Acknowledgements		63
About the author		63



Seinn

Bha duine a' fuireach air eilean beag. B' e MacCodruim an t-ainm a bh' air an duine¹. Bha an t-eilean brèagha agus sàmhach. Bha MacCodruim a' fuireach ann an taigh. Bha an taigh caran beag agus bha e faisg air a' chladach. Bha an cladach brèagha. Bha MacCodruim a' fuireach faisg air a' mhuir, oir bha e na iasgair.

Bha MacCodruim math air iasgach. Bha bàta mòr luath aige. Gach latha, bhiodh e anns a' bhàta, ag iasgach agus a' seinn ris fhèin. Bha e math air seinn cuideachd. Ach ged a bha e² math air seinn agus math air iasgach, bha e brònach.

Bha e brònach, oir bha e aonaranach. Cha robh bean aige³. Bha MacCodruim aonaranach anns an

-
1. B' e MacCodruim an t-ainm a bh' air an duine – MacCodruim was the man's name
 2. ged a bha e – although he was
 3. Cha robh bean aige – He didn't have a wife

taigh. Bha an taigh aonaranach gun bhean. Bha e aonaranach anns an leabaidh cuideachd. Bha e ag iarraidh bean. Bha e ag iarraidh clann cuideachd: gille agus nighean.

Bha MacCodruim a' dol chun a' chladaich air madainn ghrianach. Bha e a' dol a dh'iasgach. Bha an latha math airson iasgaich, oir bha i grianach agus blàth. Bha an t-iasgach⁴ na b' fhèarr nuair a bha i caran blàth agus caran grianach.

Chaidh e air a' chladach agus bha e a' seinn ris fhèin: “Tha bàta agam, tha taigh agam, ach chan eil bean bhrèagha agam ...”

Gu h-obann, chuala e seinn. Bha cuideigin eile a' seinn. Bha iad faisg.

“Cò tha sin?” thuirt MacCodruim. “Cò tha seinn? Cò tha sin?”

Bha creagan anns a' mhuir faisg air a' chladach. Bha ròin a' fuireach anns a' mhuir faisg air na creagan cuideachd. Bha an t-seinn bhrèagha a' tighinn bho na creagan. An robh cuideigin a' seinn

4. Bha an t-iasgachadh – The fishing was

air na creagan?

Tha sin caran neònach, smaoinich MacCodruim. Cha robh daoine eile a' fuireach faisg air a' chladach. Cha robh taighean eile ann. Bha ròin ann⁵ ach cha robh daoine a' fuireach an siud.

“Hmmm,” thuirt MacCodruim ris fhèin. “Cò tha sin? Cuideigin a' seinn air na creagan? Tha mi a' dol an siud.”



5. Bha ròin ann – There were seals there



Na Creagan

Chuir e am bàta anns an uisge agus an uair sin chaidh e gu na creagan. Gu h-obann, chunnaic e boireannach. Boireannach brèagha. Bha i air na creagan.

Bha i na suidhe agus bha i a' seinn. Bha a falt cho donn ri cnòthan. Smaoinich MacCodruim gun robh i brèagha. Glè bhrèagha. Am boireannach a bu bhrèagha⁶ a chunnaic e riamh⁷! Bha MacCodruim ag iarraidh bruidhinn rithe. Chaidh e faisg air na creagan. Nuair a bha e faisg, chunnaic e a sùilean. Bha iad cho gorm ris a' mhuir.

“Latha math dhut,” thuirt e rithe. “Is mise MacCodruim.”

Chunnaic am boireannach e. Stad i dhen t-seinn⁸

6. Am boireannach a bu bhrèagha – The most beautiful woman

7. a chunnaic e riamh – that he ever saw

8. Stad i dhen t-seinn – She stopped singing

nuair a chunnaic i e. Thuirt i rudeigin ach cha robh MacCodruim a' tuigsinn. Bha e ann an cànan neònach.

“Dè?” thuirt MacCodruim. “Chan eil mi a' tuigsinn.” Na bheachd, bha am boireannach glè bhrèagha agus bha i caran neònach cuideachd. Dè bha i ag ràdh? Chan fhaca e bàta eile. Ciamar a fhuair i⁹ gu na creagan? Nach robh bàta aice¹⁰?

Chunnaic MacCodruim rudeigin air na creagan. Rudeigin donn. Bha e faisg air an uisge. Còta. Bha e donn, cho donn ri cnòthan. *Còta?* smaoinich MacCodruim. *Tha an latha grianach agus blàth. Carson a tha còta aice? Chan eil mi a' tuigsinn.*

“Càit a bheil thu a' fuireach?” thuirt MacCodruim rithe. “A bheil thu a' fuireach faisg air a' chladach?”

Thuirt am boireannach rudeigin ach cha robh e a' tuigsinn. Bha i fhathast a' bruidhinn ann an cànan neònach.

Smaoinich MacCodruim ris fhèin: *Tha am*

9. Ciamar a fhuair i – How did she get

10. Nach robh bàta aice? – Didn't she have a boat?

boireannach as brèagha a chunnaic mi riamh an seo. Tha i math air seinn. Tha cànan neònach aice agus chan eil mi ga tuigsinn ach... tha mi sgìth de a bhith¹¹ aonaranach. Tha boireannach aig a bheil¹² cànan neònach nas fheàrr na a bhith aonaranach. Dè tha mi a' dol a dhèanamh?

Bha am boireannach a' coimhead air a' mhuir a-rithist. Bha i a' seinn a-rithist. Gu h-obann, chuir MacCodruim an còta anns a' bhàta aige. Chuir e an còta donn anns a' bhàta gu luath. Chan fhaca am boireannach e, oir bha i fhathast a' coimhead air a' mhuir.

“Tha mi a' dol dhachaigh,” thuirt MacCodruim rithe. Cha tuirt am boireannach càil.

Chaidh e air ais chun a' chladaich. Nuair a bha e air a' chladach, choimhead e air a' chòta dhonn. Chan fhaca e riamh¹³ còta mar seo. Bha e gleansach agus mìn. Cho mìn ri sìoda. Bha e a' coimhead daor¹⁴.

11. sgìth de a bhith – tired of being

12. aig a bheil – who has

13. Chan fhaca e riamh – He had never seen

14. Bha e a' coimhead daor – it looked expensive